

Air an àirigh

As t-earrach agus as t-samhradh gach bliadhna bhiodh Gàidheil a' fàgail nan cladaichean agus nan **srathan** agus a' dèanamh air na glinn 's air a' mhòintich.

B' e àm toilichte a bh' ann do theaghlaichean. Bhiodh iad a' fuireach ann an **àirighean** – bothain fhiodha no chloiche – 's bhiodh an crodh agus na caoraich aca ag **ionaltradh** agus a' fàs reamhar, deiseil airson **fèilltean** a' gheamhraidh.

Bhiodh na teaghlaichean a' dèanamh ìm agus càise. B' ann ann am biota mar seo a bhiodh an t-ìm air a dhèanamh.



Biota airson ìm a dhèanamh



B' e bothain bheaga air a' mhonadh a bh' ann an àirighean.



Bha gobhair air an cumail leis gun robh bainne math aca airson ìm agus càise a dhèanamh, agus b' urrainn dhaibh a bhith beò air talamh garbh. Bidh iad ag ithe lusach nach ith beathaichean eile.